

An Comunn Gàidhealach



ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

Samhain 2015 / November 2015

Teachdaireachd bhon Cheann-suidhe

Às deidh Mòd Nàiseanta Rìoghail anns an Òban a bha air leth soirbheachail agus tlachdmhor tha an obair ullachaidh a' leantainn air adhart aig diofar ìrean airson na h-ath thachartasan anns na h-Eileanan an Iar, Lochabar, Dùn Omhain, agus a-nis a'dol air an liosta sin, Glaschu. Is e aon de na prìomh leasachaidhean a tha a' tighinn air a' Mhòd an ìre gu bheil craoladh telebhisean is rèidio a' sìor fhàs – agus mòran de na prògraman sin a' dol a-mach 'beò', rud a bhios a' toirt beòthlachd is tlachd an tachartais gu barrachd luchd-èisteachd is amhairc gu nàiseanta is eadar-nàiseanta. Tha Tbh is rèidio gu mòr nam pàirt de thachartasan co-chosmhail ann an àiteachan eile leithid an Eisteddfod Nàiseanta sa Chuimrigh agus an Òireachtas ann an Èireann.

Tha seo gam thoirt gu cuspair co-aimsireil dom feum coimhearsnachd na Gàidhlig aire mhionaideach a thoirt ro thoiseach na bliadhna. Thathas a' dèanamh lèirmheas air craoladh mion-chànanan an-dràsta mar phàirt de Lèirmheas Cùmhnant a' BhBC. A bharrachd air an sin tha Urras a' BhBC air co-chomhairleachadh poblach a chuir air chois mu ghrunn sheirbheisean craolaidh a' BhBC, nam measg BBC ALBA agus Rèidio nan Gàidheal. Ann an co-theacsa gearraidhean ann an ionmhas poblach tha e deatamach gun cleachd luchd-èisteachd is luchd-amhairc sheirbheisean craolaidh Gàidhlig an cothrom gus am beachdan air na seirbheisean sin a chuir gu Urras a' BhBC. Dìreach o chionn ghoirid chaidh ainmeachadh gum bithear a' stad an taic a tha Riaghaltas na RA a' toirt seachad dha BBC ALBA (£1 millean sa bhliadhna), agus bidh seo na fhìor bhuille dha seanail a tha mu-thrath a' fulang le gainead maoineachadh.

Airson cuideachadh a thoirt don iomairt seo, tha An Comunn air dreachd de litir a dheasachadh (an cois a' Chuairt-litir seo – cuiribh post-d gu marina@ancomunn.co.uk airson leth-bhreac den litir ann an cruth Word) agus tha sinn ag iarraidh air buill a' clò-bhualadh, seòladh, ceann-latha is ainm-sgrìobhte a chuir ri the agus a cuir gu Urras a' BhBC ro cheann-latha a' cho-chomhairleachaidh, sin **17 Faoilleach 2016**. Tha roghainn eile ann dha luchd-leughaidh agus se sin a dhol air-loidhne gu làrach-lìn Urras a' BhBC aig (<https://consultations.external.bbc.co.uk/bbc/nations/consultation/subpage.2015-11-02.4571209178/>) agus an ceisteachan air-loidhne air a chuspair a lìonadh a-steach. Tha mi a' cur impidh oirbh an cothrom seo a chleachdadh gus ur beachdan a dhèanamh aithnichte air a chuspair cudromach seo gus an tèid na seirbheisean craolaidh Gàidhlig againn, a chaidh an cosnadh gu cruaidh, an cumail suas tro na h-amannan maoineachaidh duilich seo. Faodaidh sibh an teachdaireachd seo agus an dreachd litir cuideachd a chuir air adhart gu ur caraidean gus am bi iad mothachail air cho cudromach sa tha seo. Nam b' fheàrr leibh dreachd den litir fhaighinn air post-d, cuiribh fios gu oifis a' Chomuinn.

Tha mi'n dòchas gum bi deagh Nollaig agaibh agus Bliadhna Mhath Ùr dhuibh uile nuair a thig i.

Iain Macleòid, Ceann-suidhe.

A Message from the President

After a most successful and enjoyable Royal National Mòd in Oban the planning continues at various levels for future events in the Western Isles, Lochaber, Dunoon and, now joining that list, Glasgow. One of the main features of recent Mòds is the expansion of television and radio broadcasts – many of them 'live', which brings the reality and enjoyment of the event to a much wider audience nationally and internationally. TV and radio broadcasts are also main features of similar events elsewhere such as the National Eisteddfod of Wales and the Oireachtas in Ireland.

This brings me to a topical issue which needs to be urgently addressed by the Gaelic community before the turn of the year. Minority language broadcasting is being reviewed just now as part of the BBC Charter review. In addition, The BBC Trust is conducting a public consultation on various BBC broadcasting services including BBC ALBA and Radio nan Gàidheal. In a climate of cuts to public funding it is essential that listeners and viewers of our Gaelic broadcasting services use this opportunity to make their views known to the BBC Trust. Very recently it has been announced that the UK Government's contribution to BBC ALBA (£1 million a year) will be discontinued, and this will be a considerable blow to a channel that is already suffering from under-funding.

*To help with this effort, An Comunn has drafted a letter (included in this News-letter – please email marina@ancomunn.co.uk to receive a Word version of the letter) which we are asking members to print, endorse their address, date and signature, and send to the BBC Trust before the consultation deadline of **17th January 2016**. Alternatively, readers can go online to the BBC Trust website (<https://consultations.external.bbc.co.uk/bbc/nations/consultation/subpage.2015-11-02.4571209178/>) and complete the online questionnaire on the subject. I appeal to you all to make your views known on this important issue so that our Gaelic broadcasting services, for which we have fought hard, are maintained in these difficult funding times. You may pass on this message and letter to others so that they are aware of how important this is, and if you would prefer to receive an electronic copy of the letter, please contact An Comunn's office.*

I wish you all a joyful Christmas and a Happy New Year when it comes.

John Macleod, President.



An Comunn Gàidhealach

Cuairt-litir a' Chomuinn

Bidh sibh mothachail gu bheil mìos no dhà ann bhon a sgaoil sinn an iris mu dheireadh den chuairt-litir againn. Tha sinn duilich mu dheidhinn seo.

'Se mise a bhios a' deasachadh a' chuairt-litir gach mìos, ach gu mì-fhortannach tha mi air a bhith dheth tinn airson faisg air dà mhios.

Tha mi toilichte innse gu bheil mi tòrr nas fheàrr a-nis agus air ais ag obair. Feumaidh mi ràdh gu bheil e math a bhi air ais!

Tha mi airson taing a thoirt dhan chòrr den luchd-obrach airson an taic a thug iad dhomh fhad's a bha mi dheth agus airson an obair agam a dhèanamh, gu h-àraidh leis gur e an àm is traing den bhliadhna obrach againn a bh' ann.

Tha mi gu math fortannach a bhi ag obair mar phàirt de sgioba a tha cho taiceil.

Taing mhòr dhuibh uile.

Marina NicAoidh

An Comunn Newsletter

You may have noticed that we have not distributed the An Comunn Gàidhealach Newsletter for a while. Sincere apologies for this.

I edit the newsletter but unfortunately I have been off work ill for a couple of months.

I am pleased to say that I am now back at work and feeling much better. I must say it is good to be back!

I would like to take this opportunity to thank my colleagues for their support and for covering my role while I was off, particularly as it was at the most busy time of our working year.

I am fortunate to work as part of such a great team.

Thank you all so much.

Marina Mackay

Mòran Taing

Tha sinn airson taing mhòr a thoirt dha Comataidh Ionadail Mòd an Òbain agus coimhearsnachd a' bhaile gu lèir airson an aoigheachd agus fàilte bhlàth, chridheil a fhuair sinn bhuapa thairis air seachdain a' Mhòid.

Tha sinn cinnteach gu bheil sibh uile ag aontachadh gur e Mòd air leth a bh' ann. Cha b' ann a-mhàin air sgàth's gun robh an aimsir cho àlainn, ach cuideachd leis cho gasta 's a bha muinntir an t-àite.

Bu mhath leinn cuideachd taing a thoirt dhan a h-uile duine a chuidich sinn gu saor-thoileach aig Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo. Ma thug sibh taic dhan a' Chomataidh Ionadail, ma bha sibh nur stiùbhard no nur cathraiche, ma thug sibh seachad an tìde agaibh a' cuideachadh luchd-obrach a' Chomuinn Ghàidhealaich ann an oifis a' Mhòid no Ionad Fiosrachaidh a' Mhòid thairis air an t-seachdain – tapadh leibh.

'S e sgioba gu math beag a th' unnainn le còignear luchd-obrach, mar sin tha feum air tòrr a bharrachd na sin gus Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail gach bliadhna.

Tha sinn air leth taingeil dha rìreabh airson an taic a thug a h-uile duine agaibh dhuinn agus tha sinn an dòchas gun do chòrd Mòd 2015 ribh.

Thank You

We would like to take this opportunity to say a big thank you to the Local Organising Committee and the community in Oban for the warm welcome they expressed to Mod goers during this year's event.

We are sure you will all agree that it was a fantastic Mod, not only as a result of the amazing weather but primarily because of the warm welcome received by the people of Oban.

Thanks also to everyone who volunteered at this year's Royal National Mod. Whether you helped with assisting the Local Organising Committee prior to and during the Mod or whether you helped with stewarding, chairing, helped An Comunn Gàidhealach staff in the office or at the Information Desk during Mod week, thank you.

We are a very small team, with only 5 members of staff, so to run the Royal National Mod each year requires many more hands than that.

We are sincerely grateful to each and every one of you who gave your time and effort to help us and we do hope you enjoyed your time at Mòd 2015.

An Comunn Gàidhealach

Mòdan ri thighinn

Mòd nan Eilean Siar - 14-22 Dàmhair 2016
Mòd Loch Abair - 13-21 Dàmhair 2017
Mòd Dhùn Omhain - 12-20 Dàmhair 2018
Mòd Ghlaschu - 11-19 Dàmhair 2019

Future Royal National Mod Dates

Western Isles - 14-22 October 2016
Lochaber - 13-21 October 2017
Dunoon - 12-20 October 2018
Glasgow - 11-19 October 2019

Mòd Nàiseanta Rìoghail 2019

Chaidh innse aig Mòd na bliadhna seo gur ann an Glaschu a thèid Mòd Nàiseanta Rìoghail 2019 a chumail, eadar an 11mh agus an 19mh den Dàmhair.

Tha iad air Comataidh Ionadail a stèidheachadh a tha mu thràth ag ullachadh airson an tachartas.

Airson tuilleadh fiosrachadh, tadhlaidh air an làrach-lìn aca:
www.modghlaschu2019.com

Royal National Mod 2019

It was announced at this year's Mod that Glasgow will host the 2019 Royal National Mod.

A Local Organising Committee has already been established and they are already making preparations for the event.

For further details, visit their website at:
www.modghlaschu2019.com

Duilleagan Breithneachaidh

Mur a d' fhuair sibh bh' ur duilleagan breithneachaidh aig àm a' Mhòid, bu chòrr dhuibh a bhith air am faighinn gu seo. Tha an luchd-obrach againn air na duilleagan gu lèir a chur a-mach anns a' phost.

Mur a d' fhuair sibh na duilleagan agaibh, cuiribh fòn gu Seonag air 01463 709 705 no cuiribh post-d thuice
seonag@ancomunn.co.uk

Adjudication Sheets

If you did not collect your adjudication sheets at the time of the Mod you will receive them shortly, if not already. Our staff have sent all the remaining adjudication sheets out by post.

If you have not received your adjudication sheets, please contact Seonag on 01463 709 705 or email
seonag@ancomunn.co.uk

Duaisean Farpaisean a' Mhòid

Tha sinn a-nis a' pàigheadh a-mach duaisean airgid Mòd na bliadhna sa. Mur a bheil sibh air bh' ur fiosrachadh banca a chur thugainn gu ruige seo, thèid seic a chur a-mach thugaibh.

Airson tuilleadh fiosrachadh cuiribh fòn gu Peigi NicIlinnein air 01851 703 487 no post-d gu peigi@ancomunn.co.uk.

Competition Prizes

We are in the process of paying this year's monetary prizes. If you have not contacted us with your bank details by now we will instead be issuing a cheque.

For further information contact Peigi MacIannan on 01851 703 487 or email peigi@ancomunn.co.uk

Tòraidhean Mòd 2015

Tha tòraidhean farpaisean Mòd na bliadhna seo rin lorg air an làrach-lìn againn.

Bheir an ceangal gu h-ìosal sibh gu na tòraidhean airson gach farpais:

<http://www.ancomunn.co.uk/index.php/nationalmod/results/ga>

Mòd 2015 Results

Results for this year's Mod competitions can be found on our website.

Please click on the link below:

<http://www.ancomunn.co.uk/index.php/nationalmod/results/en>

An Comunn Gàidhealach

Earrannan Ainmichte airson Mòd 2016

Gheibhear a-nis na h-earrainnean ainmichte airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2016 rin ceannachd agus an toirt bhon [làrach-lìn](#) againn.

Tha foidhlaichean Sibelius cuideachd rin ceannachd do Chòisirean Inbich.

www.ancomunn.co.uk

Prescribed Pieces for Mod 2016

You can now purchase and download prescribed pieces for the Royal National Mod 2016 via our [online store](#).

Sibelius Files are also available online for Senior Choirs.

www.ancomunn.co.uk

Aigeallan Airgid 2016

Feumaidh farpaisich ann an A252 (Mnathan) agus A253 (Fireannaich) òran a thaghadh a tha leantainn air cuspair sònraichte.

Airson 2016 's e '**cumha**' cuspair an òrain do dh' fharpaisich ann an A252 (Mnathan) agus 's e '**gaol**' cuspair an òrain do dh' fharpaisich ann an A253 (Fireannaich).

Bidh seo air a dhearbhadh anns a' chlàr againn a dh' aithghearr.

Silver Pendant Qualifying 2016

Competitors in A252 (Ladies) and A253 (Men) must choose a song which follows a theme which is specified annually.

For 2016, the theme for A252 (Ladies) is '**lament**' and for A253 (Men) '**love**'.

This will appear on the 2016 syllabus soon

Dealbhan Mòd 2015

Tha dealbhan Graham Hood, dealbhadair oifigeil a' Mhòid, a-nise rim faighinn air duilleag dachaidh an làrach-lìn againn www.ancomunn.co.uk

Ma tha sibh airson dealbhan sam bith a cheannach, cuiribh fios gu Graham tron làrach-lìn aige:

www.grahamhoodphotography.com

Mod 2015 Photography

Photos by Graham Hood, the official Mod photographer, are available to view on our website at www.ancomunn.co.uk

To order copies of any of the photographs, you can contact Graham via his website:

www.grahamhoodphotography.com

Mòdan Ionadail 2016

Bheil sibh air cinn-latha a chur air dòigh airson Mòdan Ionadail 2016?

Ma tha nach cuir sibh thugainn iad agus cuiridh sinn an fhiosrachadh dhan chuairt-litir agus air an làrach-lìn.

Cuideachd, ma tha sibh airson fiosrachadh mun Chomataidh agaibh, mu Choinneamhan Bliadhnail no tachartasan sam bith eile a chur thugainn, foillsichidh sinn iad sin cuideachd.

Mòdan Ionadail 2016

Have you set the dates for your Provincial Mods for 2016?

If so, send us the details and we will publish them in a future issue of the newsletter and on our website.

If you have any information on Committee changes, Annual General Meetings or other events, do forward these on to us too.

(Address)

BBC Trust Nations Review Consultation
ICM Unlimited,
Creston House,
10 Great Pulteney St. London W1F 9NB

(Date)

A'charaid/bhana-charaid,

BBC Trust Nations Review Consultation

In connection with the above consultation, I would like you to take account of the following views which relate to the BBC broadcast services **BBC ALBA** and **Radio nan Gàidheal**. I understand that under the Royal Charter and Agreement, the purposes of the BBC include *"representing the UK, its nations, regions and communities"* and that the Agreement calls on the BBC Trust when setting remits for the BBC *"to have regard, amongst other things, to the importance of appropriate provision in minority languages."*

I regularly make use of various BBC services including **BBC ALBA** and **Radio nan Gàidheal**. I greatly value the service given by **BBC ALBA** in providing accurate, impartial and independent news, with balanced coverage of national and local politics, and extensive coverage of a number of popular sports. It provides our communities with a range of Gaelic music and arts programmes, and reflects the various faiths, cultures and communities throughout Scotland. **BBC ALBA** has a number of excellent educational and entertainment programmes particularly for younger viewers. It manages to do this with considerable success in viewing figures, with very limited resources. What the service now needs and merits is appropriate investment to enable new programming of at least **10 hours a week** to reduce the current over-reliance on repeats. Although the daily news coverage is adequate, there is an urgent need for weekend news coverage. There is also a need to further invest in comedy, entertainment and adult learning programmes.

In relation to **Radio nan Gàidheal**, this is an essential service for the Gaelic community – a service that has developed into a lifeline service for home-based listeners, and a great source of contact with their language for those who travel or access Gaelic services online. Any loss or diminution of this service by the BBC would be a significant setback to the progress made in revitalising Scottish Gaelic. **Radio nan Gàidheal**, with its extended daily coverage, is a source of accurate, impartial and independent news (local, national and international), with balanced coverage of national and local politics, and good daily coverage of local and national sports. The variety of Gaelic songs and music (traditional and non-traditional) heard at various times of the day, together with linking dialogue to encourage the use of Gaelic amongst its listeners, is a source of enjoyment to the Gaelic community locally, nationally and internationally. Their programmes fully reflect diverse faiths, cultures and communities throughout Scotland, and contributors to news and discussion programmes reflect the spread of Gaelic speakers throughout Scotland and throughout the world. This is a service that merits the retention of its BBC investment, which has been productively spent, and there is every reason to believe that further investment would further extend its cultural value to an already appreciative minority language community.

My understanding is that the level of BBC Licence Fee income allocated to **BBC ALBA** and **Radio nan Gàidheal** is considerably less than that currently allocated by the BBC to other UK minority language services such as that in Wales, and I call on the BBC Trust to ensure that this anomaly is rectified without delay.

Leis gach deagh dhùrachd,

BBC nations' radio, BBC Alba and news and current affairs on TV and online in the devolved nations

Why are we doing this consultation?

The BBC Trust works on behalf of licence fee payers to ensure that the BBC provides high-quality services and good value for everyone in the UK. One of the ways we do this is by reviewing each of the BBC's services every 5 years.

The purpose of this consultation is to hear your views on any of the following BBC services: BBC Radio Scotland; BBC Radio nan Gàidheal; BBC Radio Ulster/Foyle; BBC Radio Wales; BBC Radio Cymru; BBC Alba; BBC news and current affairs in Scotland, Wales or Northern Ireland on TV and online.

We are keen to hear what you like, what you dislike and what the BBC should do to make these services better. You can read the [terms of reference](#) for the review.

How to take part

You will be asked a series of questions about BBC Radio Scotland; BBC Radio nan Gàidheal; BBC Radio Ulster/Foyle; BBC Radio Wales; BBC Radio Cymru; BBC Alba; BBC news and current affairs made for the devolved nations on TV; and BBC news online for Northern Ireland, Scotland and Wales.

You may answer as many or as few of the questions as you wish.

If you cannot complete the questionnaire online, please complete and return by post a hard copy of the questionnaire to:

BBC Trust Nations Review Consultation
ICM Unlimited
Creston House
10 Great Pulteney Street
London
W1F 9NB

The consultation is open until 17 January 2016 and we cannot accept returns after this date.

To request a questionnaire in audio or braille please call 0800 0680 116 or 0370 350 0700 (for those who would like the questionnaire in Welsh) or Textphone 03700 100 212.

What we do with your answers

We will look at your responses, alongside a range of other information that we are collecting as part of this review. We will publish a report setting out our findings and recommendations on the BBC Trust website in summer 2016.

If you are responding as a member of the public, we will not publish your response and will treat your identity in confidence if you disclose it to us. We may refer to the contents in general terms, but any specific quotes used in the report will be anonymous.

If you are responding on behalf of an organisation, please note that in the interests of transparency, the BBC Trust publishes the names of organisations that have responded, and usually publishes their responses in full when we reach our conclusions. If you would prefer that all or part of your response is treated as confidential, please complete the "Confidentiality" section at the end of this document. We may still publish a summary of your response in general terms, without disclosing specific information that is confidential or linking it to your organisation.

To complete the questionnaire and for further information, please click [here](#)

The collage consists of 25 individual photographs arranged in a grid-like fashion. The photos capture various moments from the club's centenary celebrations:

- Top Row:** A man and a woman posing with a trophy; a woman holding a trophy; an elderly woman holding a blue hat; a woman holding a medal.
- Second Row:** A large group of people in formal attire posing on a stage; a group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors.
- Third Row:** A group of people in formal attire posing outdoors; a man and a woman holding a trophy; a man and a woman holding a trophy; a group of people in formal attire posing outdoors.
- Fourth Row:** A group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing on a stage; a group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors.
- Fifth Row:** A group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors.
- Sixth Row:** A group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors.
- Seventh Row:** A group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors.
- Eighth Row:** A group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors.
- Ninth Row:** A group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors.
- Tenth Row:** A group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors; a group of people in formal attire posing outdoors.

An Comunn Gàidhealach

Brot is Mìlsean

Chaidh feasgair Brot is Mìlsean a chumail le Comataidh Mòd 2016 bho chionn ghoirid ann an Ionad Newton, Steòrnabhaigh. Tha an Comataidh air a bhith a' cumail an tachartas seo airson ùine a-nis agus tha e air a bhith gu math soirbheachail.

Thèid an ath fheasgair Brot is Mìlsean a chumail sa' Bhliadhn' Ùr. Cumaibh sùil a-mach airson fiosrachadh mu na tachartasan eile a bhios sinn a' cumail ann an 2016.

Ma tha sibh airson taic a thoirt dha Comataidh Ionadail Mòd 2016, faodar pàirt a ghabhail ann an Club 400 Mòd nan Eilean Siar. Lìonaibh am foirm aig deireadh a' chuairt-litir seo agus tilleibh thugainn i. Gur math a thèid leibh!



Soup and Pudding

The Mod 2016 Local Organising Committee recently held a Soup and Pudding lunch in the Newton Centre, Stornoway. This has become a regular event for the Local Committee and has proved to be successful and enjoyable.

The next one will take place in the New Year – stay tuned for details of our 2016 fundraising events!

Should you wish to support the Mod 2016 Local Organising Committee by joining the 400 Club, complete the form included in this newsletter and return it to our Treasurer.

Good luck!



Nollaig @ Bùth a' Chomuinn!

Ma tha sibh a' lorg tiodhlacan Nollaig, nach tadhlaidh air a bhùth againn air-loidhne no thigibh a chèilidh oirnn sa' bhùth ann an Steòrnabhagh far am faic sibh measgachadh de CDs agus leabhraichean Gàidhlig, cairtean Nollaig agus measgachadh de thiodhlacan Clò Hearach is mòran eile.

Tadhlaidh air:
<http://www.ancomunn.co.uk/store/>

Thig a chèilidh oirnn aig:

Bùth a' Chomuinn, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, HS1 2DD

Fòn: 01851 703 487
Post-d: marina@ancomunn.co.uk

An Comunn Shop @ Christmas!


If you are stuck for ideas for what to buy as Christmas presents, why not visit our online store or call into our shop in Stornoway to look at a selection of Gaelic CDs, books, Christmas and greetings cards, various Harris Tweed gifts and much more.

Visit our online store at:
<http://www.ancomunn.co.uk/store/>

Call in to see us at:

An Comunn Gàidhealach Shop, Leverhulme House, Perceval Square, Stornoway, HS1 2DD.

Telephone: 01851 703 487
Email: marina@ancomunn.co.uk



Bùth a' Chomuinn

Cairtean Nollaig Gàidhlig, CDs, Mìosachain & Leabhraichean Gàidhlig, Teadaidh Gàidhlig!

Babog The Gaelic Speaking Teddy!

Gaelic Christmas Cards, CDs, Gaelic Calendars, Gaelic Books

Gheibh sibh lùghdachadh 10% sa bhùth againn an cois a bhileag seo
We will give you 10% off your purchase if you present this slip at our shop

An Comunn Gàidhealach

Leverhulme House, Perceval Square, Stornoway, Isle of Lewis HS1 2DD
Tel: 01851 703487 e mail: peigi@ancomunn.co.uk



An Comunn Gàidhealach



Care for a Cèilidh

Chìthear gu h-ìosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a-chaidh a chumail le Care for a Cèilidh. Nam measg tha dealbhan a chaidh a thogail san Òban nuair a thadhail seinneadairean agus luchd-ciùil a bh' aig Mòd na bliadhna seo air dachaidh-cùram sa' bhaile. Taing mhòr dhuibh uile.

Below are a selection of photographs taken at the most recent Care for a Cèilidh events. These include a number of singers and musicians who visited a care home in Oban during this year's Mod. Thanks to you all.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>



An Comunn Gàidhealach

FilmG 2016

Chan eil ach beagan sheachdainean air fhàgail mus bidh agaibh ri bh' ur fiolmaichean a chur a-steach airson FilmG 2016.

Feumar an cuir a-steach ro mheadhan-oidhche air an 16mh den Dùbhlachd.

Airson tuilleadh fiosrachadh mu dheidhinn an fharpais, riaghailtean, duaisean agus mar sin air adhart, tadhlaibh air làrach-lìn FilmG:

www.filmg.co.uk



FilmG 2016

There are only a few weeks left to get your submissions in for FilmG 2016.

Entries must be submitted by midnight on the 16th of December.

For full details on how to enter and for information on competition rules, prizes and so on, please visit the FilmG website:

www.filmg.co.uk



An Comunn Gàidhealach - Meur Inbhir Nis

Dannsa Oidhche Chalaìnn / Hogmanay Dance 2015
Talla Grebe Inbhir Nis / Grebe Hall Inverness

Ceòl bho / Music from
The Marloch Band

Diardaoin / Thursday 31^{mh} Dùbhlachd

9.00f - anmoch / Late

Stovies and Raffle ... Bring your own Bottle

Admission: Inbhich / Adults £12.50

Clann / Children £5.00

Airson ticeadan cuiribh fios gu / For tickets please contact:

Norman Mackay

Tel 01463 791361

Mob 07777632585

E-Mail norrie.mackay@btinternet.com

An Comunn Gàidhealach



Luchd-buannaiche / Winners

Lifetime Achievement Award
John Angus MacKay

Best Contribution Award
Dr John MacInnes

Sport Award
Cuach na Cloinne

Young Gaelic Ambassador of the Year Award
Linda MacLeod

Arts & Culture Award
Pròiseact nan Ealan

Community, Heritage & Tourism Award
Ainmean-Àite na h-Alba

International Award
Ceòlas

Innovation in Education Award
e-Stòras

Learner Award
Ceitidh Smith

Event Award
Blas Festival

Gaelic as an economic asset Award
Comann Eachdraidh Uibhist a Tuath



A' Charaid Chòir

Mod nan Eilean Siar 400 Club

Would you consider supporting the Western Isles Mod in the sum of a little over a pound a week by subscribing to a 400 Club, the 400 referring to the prize money awarded each month? This is how it works:

- ❖ Each participant pays £5 per entry per month by standing order to join, which entitles entry to each month's draw. One can have one or more entries - each entry costs £5 per month.
- ❖ A draw will be held at the end of each month and all eligible participants (i.e. all those who have paid) will be entered into the draw.
- ❖ Prizes each month will comprise of a first prize of £250, a second prize of £100 and a third prize of £50 (a total of £400).
- ❖ A list of monthly prize winners will be published at <http://www.acgmod.org/news> and the prizes will be credited to your bank account.

If you wish to take part, please fill in the Standing Order mandate overleaf, made out for £5, or a multiple thereof, and return the form to: An Iomhasair, Mòd nan Eilean Siar, at the address below. It is proposed that the draw continues indefinitely to help with fundraising for future Mods, so please leave the Payment date fields blank unless you wish to specify an End Date. It would be useful if you could invite others to participate as well – the Standing Order form may be photocopied.

Rules

Your Standing Order is payable in advance on the 1st of each month, starting with the month following receipt.

Failure to pay the Standing Order will automatically stop your numbers for that month's draw.

All draws will be done in a public establishment or live on Isles FM with at least 2 committee members and a member of the public; details of time and venue can be obtained from committee members.

In any matters of doubt, the committee's decision is final.

OSCR Charity Number: SC001282

MÒD NAN EILEAN SIAR 2016

Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabagh, Eilean Leòdhais, HS1 2DD
Fòn: 01851 703487 Facs: 01851 706467

Leverhulme House, Perceval Square, Stornoway, Isle of Lewis HS1 2DD
Tel: 01851 703487 Fax: 01851 706467

To _____ Bank

Please set up the following Standing Order and debit my/our account accordingly

1. Account Details

Account Name _____ Account Number

Account Holding Branch _____ Sort Code

2. Payee Details

Name of Person or Organisation you are paying

400 Club Number (if known) - this will appear on the bank statement of the person or organisation you wish to pay

Sort Code – the bank code of the person or organisation that you are paying

Account Number – the account number of the person or organisation you wish to pay (eight digits – if less, place zeros at the front)

3. About the Payment

How often are the payments made

Amount Details

Date and amount of first Payment £

Date and amount of final Payment £

4. Confirmation email:

Signature

Date

Address / Post Code / Phone No:



An Comunn Gàidhealach

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD
Fòn: 01851 703 487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709 705.
Post-d: info@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office

Leverhulme House
Perceval Square
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DD
Telephone: 01851 703 487
Email: peigi@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Telephone: 01463 709 705.
Email: info@ancomunn.co.uk

Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703 487

www.ancomunn.co.uk

